

Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016

Aithisg le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Sgoiltean gus beachd neo-eisimeileach a thoirt seachad air an dearbhadh cùise a thaobh Comhairle Crìochan na h-Alba a bhith a' stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig bhon Lùnastal 2026, mura biodh e mì-reusanta sin a dhèanamh. Tha Comhairle Crìochan na h-Alba air sgìre Srath Thuaidh a chomharrachadh mar an sgìre-mheasaidh anns am bithear a' measadh a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth.

Dàmhair 2025

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo ullachadh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Sgoiltean (Luchd-sgrùdaidh an Rìgh) a rèir Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 (an t-Achd 2016). 'S e adhbhar na h-aithisg seo beachd neo-eisimeileach agus neo-thaobhach a libhrigeadh air dearbhadh cùise gus Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh ann an Comhairle Crichean na h-Alba bhon Lùnastal 2026. Tha seo stèidhte air iarrtas, a fhuair a' chomhairle bho phàrantan aig a bheil clann fo earrann 7 den Achd 2016. Tha an t-iarrtas, mar a tha deatamach, bho phàrantan aig a bheil clann fo aois sgoile nach do thòisich air bun-sgoil a fhrithealadh fhathast. Tha a' chomhairle air sgìre Tweeddale a chomharrachadh mar an sgìre-mheasaidh anns am bithear a' measadh a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth.

1.2 Tha earrann a dhà den aithisg seo a' cur an cèill geàrr-mhìneachadh air a' phròiseas measaidh agus beachdan Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air an dearbhadh cùise mun chomhairle a bhith a' stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig. Tha seo a rèir Earrannan 12 agus 13 den Achd 2016. Cleachdaidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh an t-eòlas nàiseanta aca gus luachadh a dhèanamh air an fheum a dh'fhaodadh a bhith ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig agus bidh iad a' tarraing air co-dhùnaidhean sgrùdaidh a' cho-theacsa Ghàidhlig agus co-theacsa foghlaim nas fharsainge ann an Alba. Tha an earrann seo a' cur an cèill mar a bheachdaich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh:

- air an fhiosrachadh a fhuair iad bhon chomhairle air iarrtas nam pàrantan;
- air fiosrachadh eile bhon chomhairle air an tug iad fa-near, mar a bha deatamach, rè a' chiad mheasaidh aca air an iarrtas airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig; agus
- cùisean àithnteil air am feum a' chomhairle beachdachadh nuair a tha iad ri dearbhadh cùise a thaobh iarrtas a dh'fhaodadh a bhith ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig. Tha seo a rèir earrann 1.52 den Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig 2017.

1.3 Tha earrann a trì den aithisg seo a' toirt geàrr-chunntas air beachd farsaing Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a thaobh a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth. Nuair a gheibh iad an aithisg seo, tha an t-Achd 2016 a' cur dleastanas air a' chomhairle aire a thoirt dhi nuair a tha iad a' deasachadh na h-aithisg aca fhèin air an dearbhadh cùise a thaobh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh. Feumaidh aithisg na comhairle gabhail a-steach mìneachadh air mar a ghèill iad ris an dleastanas a tha orra gus Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh, mura biodh e mì-reusanta sin a dhèanamh.

1.4 Feumaidh a' chomhairle an aithisg dheireannach aca fhoillseachadh taobh a-staigh deich seachdainean an dèidh dhaibh co-dhùnadh measadh iomlan a dhèanamh. Foillsichidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh an aithisg againn air an làrach-lìn againn aig an aon àm 's a tha a' chomhairle a' foillseachadh na h-aithisg acasan.

1.5 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, rinn Luchd-sgrùdaidh an Rìgh na leanas:

- cruinneachadh agus breithneachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a libhrig a' chomhairle a thaobh a' mholaidh;
- còmhraidh leis a' chomhairle agus luchd-co-chomhairle buntainneach; agus
- lèirmheas air Plana Gàidhlig na comhairle agus pròiseasan planaidh eile.

2. Pròiseas measaidh agus dearbhadh cùise Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a thaobh stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig

2.1 Chuir Comhairle Crichean na h-Alba brath gu Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air 8 Sultain 2025 gun d' fhuair iad iarrtas bho phàrantan a bha ag iarraidh measadh air an fheum air Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig. Tha an t-iarrtas seo airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh ann an sgìre na comhairle bhon Lùnastal 2026. Dh'innis a' chomhairle do Luchd-sgrùdaidh an Rìgh gun robh iad air ciad mheasadh a dhèanamh air an iarrtas seo san Lùnastal 2025. Libhrig seo fianais gu bheil iarrtas ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil iarrtas gu leòr ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh bhon Lùnastal 2026. Tha seo stèidhichte air an fhianais a thug a' chomhairle do Luchd-sgrùdaidh an Rìgh aig àm sgrìobhaidh na h-aithisg seo. Mar sin, tha sinn a' moladh gun tèid a' chomhairle air adhart le Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh bhon Lùnastal 2026.

2.2 Tha am fiosrachadh bhon chomhairle a' sealltainn gu bheil ùidh aig pàrantan ann a bhith a' clàradh an cuid cloinne ann am Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig bho 2026 agus suas gu 2031. Tha grunn cloinne ann cuideachd a tha dìreach air tòiseachadh ann am foghlam bun-sgoile a tha air iarrtas reusanta a dhèanamh tòiseachadh ann an làn-bhogadh gu fadalach gus am faigh iad cothrom air Foghlam tron Ghàidhlig. Tha a' chomhairle air sgìre Srath Thuaidh a shònrachadh mar an raon measaidh airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig. Ach, tha cuid de theaghlachan le ùidh a' fuireach taobh a-muigh sgìre Srath Thuaidh agus cha bhiodh iadsan san raon measaidh ainmichte. Bu chòir don chomhairle ath-bhreithneachadh a dhèanamh air an raon measaidh a tha iad a' moladh airson Foghlam tron Ghàidhlig gus clàraidhean a chur am meud agus Foghlam tron Ghàidhlig a bhith comasach don h-uile neach aig a bheil ùidh ann. Bu chòir dhaibh a bhith soilleir nach fheum sgìrean-sgoile san àm ri teachd airson Foghlam tron Ghàidhlig a bhith a cheart ionann ris na sgìrean airson Foghlam tron Bheurla.

2.3 Cho-obrach Comann nam Pàrant le pàrantan gus buidheann-chluiche Ghàidhlig a stèidheachadh sa chomhairle. Thug iad taic do phàrantan cuideachd le tachartas fiosrachaidh a chumail mu Foghlam tron Ghàidhlig. Tha an dà ghnìomhachd seo air aire phàrantan air Foghlam tron Ghàidhlig a thogail gu mòr. Mar thoradh air sin, tha buidheann phàrantan air iarraidh gun tèid Foghlam tron Ghàidhlig a stèidheachadh. Tha an àireamh de phàrantan a tha a' dèanamh an iarrtais seo nas àirde na tha riatanach fo Earrannan naoi agus deich de dh'Achd 2016. Bu chòir don chomhairle leantainn air adhart leis an dleastanas reachdail aca Foghlam tron Ghàidhlig adhartachadh am measg phàrantan san fharsaingeachd, mar a tha riatanach fo Achd 2016. Bu chòir dhaibh leantainn air adhart ag obair còmhla ri buidhnean Gàidhlig agus buidhnean nàiseanta gus taic fhaighinn bhuapa airson ro-innleachd mhionaideach a thoirt gu buil gus Foghlam tron Ghàidhlig adhartachadh agus a stèidheachadh sa chomhairle. A bharrachd air sin, bu chòir don chomhairle togail air buaidh na buidheann-chluiche Ghàidhlig le bhith a' bruidhinn gu cunbhalach ri pàrantan sa chomhairle gus faighinn a-mach a bheil iarrtas ann airson tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig. Bhiodh seo a rèir na co-chomhairle a tha a' tachairt mu thràth airson Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014. Bhiodh solar suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùraim tro làn-bhogadh sa Ghàidhlig, mar phàirt den Churraicealam airson Sàr-mhathais, a' dèanamh cinnteach gum biodh cothrom aig clann trì bliadhna a dh'aois air Foghlam tron Ghàidhlig. Bhiodh seo feumail ann a bhith ag àrdachadh coileanadh agus a' dùnadh bheàrran san fhad-ùine.

2.4 Tha Plana Gàidhlig 2023-28 reachdail aig a' chomhairle. Is e seo a' chiad phlana aig a' chomhairle. Tha e a' gealltainn 'spèis cho-ionann a nochdadh dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla a thaobh sheirbheisean is ghoireasan dà-chànanach.' Tha am Plana Gàidhlig a' cur an cèill compàirteachas le Comhairle Baile Dhùn Èideann sam faod clann is daoine òga Foghlam tron Ghàidhlig fhaighinn. Tha am plana ag ràdh nach eil an compàirteachas seo a' togail ùidh phàrantan. Mar eisimpleir, ann an 2022-23, cha robh sgoilearan sam bith a' siubhal bhon

chomhairle a Dhùn Èideann airson Foghlam tron Ghàidhlig. Tha ùidh phàrantan an-dràsta ann am Foghlam tron Ghàidhlig a' sealltainn gu bheil iarrtas air a dhol am meud gu mòr a thaobh cothrom air Foghlam tron Ghàidhlig. Ma thèid Foghlam tron Ghàidhlig a stèidheachadh gu h-ionadail, dh'fhaodadh e cothrom cloinne is dhaoine òga air fad air an roghainn seo ann am foghlam a leasachadh.

2.5 Tha dòighean-obrach aig a' chomhairle gus leigeil le luchd-ùidh a bhith an sàs ann a bhith a' cur phròiseactan ùra an gnìomh airson na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach buidheann stiùiridh. Gun teagamh, tha an dearbhadh cùise seo gus Foghlam tron Ghàidhlig a stèidheachadh air ciallachadh gum feumadh a' chomhairle Foghlam tron Ghàidhlig a chur an gnìomh nas luaithe, nan deigheadh seo air adhart. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' moladh gum bu chòir pàrantan a làn ghabhail a-steach ann an co-chomhairle agus dealbhadh Foghlam tron Ghàidhlig a chur an gnìomh san àm ri teachd. Tha a' chomhairle air tòiseachadh a' conaltradh ri ùghdarrasan foghlaim eile mu mar as fheàrr a libhrigeas iad Foghlam tron Ghàidhlig. Bu chòir dhaibh leantainn air adhart a' leudachadh raon an rannsachaidh seo gus beachdachadh air sgoiltean làn-Ghàidhlig, cho math ri Aonadan Gàidhlig agus structaran luchd-obrach co-cheangailte, a' gabhail a-steach dreuchdan àrdaichte. Tha fianais phàrantan a' sealltainn ùidh ann a bhith a' beachdachadh air sgoiltean làn-Ghàidhlig. Bu chòir mar a libhrigeas a' chomhairle Foghlam tron Ghàidhlig ciallachadh gum bi e na roghainn tharraingeach, leantainneach a bheir fàs bliadhna an dèidh bliadhna air clàraidhean.

2.6 Ann an 2017, dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig ag iarraidh air comhairlean sgìrean-sgoile a chruthachadh, agus beachdachadh air stiùireadh a stèidheachadh air còmh-dhail, siubhal, clàradh, inntrigidhean agus iarrtasan airson Foghlam tron Ghàidhlig. Bho seo a-mach, bu chòir don chomhairle na dleasan seo a thoirt air adhart gus cothrom co-ionann agus cothromach a dhèanamh comasach a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig. Bu chòir poileasaidh soilleir a bhith aca air mar a bheir iad taic do chothromachd tro bhith a' libhrigeadh siubhal agus còmh-dhail shàbhailte an-asgaidh do sgoilearan chun an t-solar Foghlaim tron Ghàidhlig aca. Tha seo gu sònraichte buntainneach mura h-eil ach aon sholar Foghlam tron Ghàidhlig sa chomhairle. Bhiodh e cudromach don chomhairle measaidhean buaidh iomchaidh a dhèanamh, a' gabhail a-steach measadh buaidh air còraichean cloinne, agus measadh buaidh air co-ionannachd agus còraichean daonna. Cho-roinn a' chomhairle cuid den phlanadh tùsail aca le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a dh'ionnsaigh làn-mheasadh. Tha a' chomhairle mothachail air cho cudromach 's a tha e gun tèid na planaichean aca san àm ri teachd a thoirt air adhart ann an co-obrachadh làidir le pàrantan mar phàirt de dhòigh-obrach dhealbhaichte, ro-innleachdail airson Foghlam tron Ghàidhlig adhartach a leasachadh.

2.7 Tha a' chomhairle mothachail air na dòighean-obrach àrd-inbhe agus sònraichte a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig a tha air am mìneachadh anns an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, 2017, agus an cleachdadh as fheàrr a chaidh a chomharrachadh tro sgrùdaidhean. Ann a bhith a' dèanamh seo, chan eil a' chomhairle fhathast air rannsachadh mar as urrainnear maoineachadh sònraichte fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba.

3. Geàrr-chunntas

3.1 Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air measadh agus luachadh a dhèanamh air co-dhùnadh Comhairle Crìochan na h-Alba air an fheum air Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh sa chomhairle bhon Lùnastal 2026. Tha sinn air tarraing air an eòlas nàiseanta againn gus luachadh a dhèanamh air an fheum agus an comas a dh'fhaodadh a bhith ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh. Tha seo air beachdachadh air co-theacsa nas fharsainge phàrantan, na Gàidhlig agus foghlaim ann an Alba. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' moladh gum bu chòir Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh ann an Comhairle Crìochan na h-Alba bhon Lùnastal 2026. Cuiridh seo taic ri miann na comhairle am Plana Gàidhlig reachdail aca a thoirt air adhart. San aithisg seo, tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air geàrr-chunntas

a dhèanamh air ar luachadh air grunn nithean àithnteil air am bu chòir a' chomhairle beachdachadh airson Foghlam tron Ghàidhlig a chur an gnìomh gu soirbheachail.

Luchd-sgrùdaidh an Rìgh An Damhair 2025